Còd Giùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig

CLÀR-INNSE

Roinn 1: Ro-ràdh a' Chòd Giùlain

Na Dleastanasan Agam
Co-èigneachadh

Roinn 2: Prìomh Prionnsabalan a' Chòd Giùlain

Roinn 3: **Giùlain Choitcheann**

Spèis agus Furmailt
Tuarastalan, Cuibhrinn agus Cosgaisean
Tiodhlacan agus Aoigheachd
Dìomhaireachd
Cleachdadh Goireasan na Buidhne Poblaich
Dèiligeadh ris a' Bhuidhinn Phoblaich agam agus Làimhseachadh am Fàbhar
Fastadh gu Buidhnean an Taobh A-Muigh

Roinn 4: Clàradh Ùidhean

Seòrsa a h-Aon: Tuarastalan
Seòrsa a Dhà: Dreuchdan eile
Seòrsa a Trì: Cùmhnantan
Seòrsa a Ceithir: Cosgaisean Taghaidh
Seòrsa a Còig: Taighean, Fearann agus Toglaichean
Seòrsa a Sia: Ùidhean ann an Earrannan agus Tèarainteachdan
Seòrsa a Seachd: Tiodhlacan agus Aoigheachd
Seòrsa a h-Ochd: Ùidhean Neo-ionmhasail
Seòrsa a Naoi: Buill Teaghlaich Dlùth

Roinn 5: **Foillseachaidh Ùidhean**

Ìre 1: Ceangal
Ìre 2: Ùidh
Ìre 3: Com-pàirteachadh

Roinn 6: Coiteachadh agus Inntrigeadh

LEAS-PHÀIPEARAN

Leas-phàipear A Brisidhean a' Chòd
Leas-phàipear B Mìneachaidhean

ROINN 1: RO-RÀDH A' CHÒD GIÙLAIN

1.1 Chaidh an Còd seo a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba, le cead Riaghaltas na h-Alba, mar a tha riatanach le Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach msaa. Achd (Alba) 2000 (an "Achd").

1.2 'S e adhbhar a' Chòd an giùlan ris a bheilear an dùil bhon fheadhainn a bhios ag obair air bùird bhuidhnean poblach ann an Alba a stèidheachadh.

1.3 Chaidh an Còd a leasachadh ri linn naoi prìomh prionnsabalan beatha phoblaich ann an Alba. Tha na prionnsabalan air an liostadh ann an Roinn 2 agus tha iad a' mìneachadh mar a thèid ullachaidhean a' Chòd a thuigsinn agus a chur gu feum ann an cleachdadh.

Na Dleastanasan Agam

1.4 Tha mi a' tuigsinn gu bheil dùilean mòra aig na poblach air an fheadhainn a bhios ag obair air bùird nam buidhnean poblach agus an dòigh anns am bu chòir an giùlan fhèin nuair a ghabhas iad na dleastanasan aca os làimh. Bidh mi an-còmhnaidh a' strì gus coinneachadh ris na dùilean sin le bhith dèanamh cinnteach gu bheil mi gam giùlan fhèin a rèir a' Chòd.

1.5 Cumaidh mi ri solaraichean susbainteach a' Chòd seo, a' gabhail a-steach earrannan 3 gu 6, anns a h-uile suidheachadh agus fad na h-ùine a bhios mi ag obair mar bhall bùird den bhuidheann phoblach agam, air iomradh a thoirt orm fhèin mar bhall den bhòrd no far am faodadh mi a bhith air a mheas mar bhall den bhòrd.

1.6 Cumaidh mi ri solaraichean susbainteach a' Chòd seo, a' gabhail a-steach earrannan 3 gu 6, anns a h-uile làimhseachadh leis a' phoball, luchd-obrach agus buill eile a' bhùird, mas e gu bheil seo foirmeil no neo-fhoirmeil.

1.7 Tha mi a′ tuigsinn gu bheil e na dleastanas pearsanta agam a bhith eòlach air solaraichean a′ Chòd seo agus gum feum mi cuideachd cumail ris an lagh agus riaghailtean, òrdughan seasamh agus riaghlachaidhean a′ bhuidhinn phoblaich agam. Nì mi cinnteach cuideachd gu bheil mi eòlach air stiùireadh no notaichean comhairle sam bith air a sgaoileadh le Choimisean nan Inbhean airson Alba ("Coimisean nan Inbhean") agus a′ bhuidheannphoblach agam, agus feuchaidh mi ri pàirt a ghabhail ann an trèanadh sam bith a thèid a thoirt seachad mun Chòd.

1.8 Cha bhi mi, aig àm sam bith, a' tagairt no a' brosnachadh gnìomh sam bith a tha an aghaidh a' Chòd seo.

1.9 Tha mi a' tuigsinn nach urrainn fiosrachadh sgrìobhte sam bith, ge bith an ann sa Chòd fhèin no anns na Notaichean Stiùiridh no Comhairle a chuir Coimisean nan Inbhean a-mach, solarachadh airson a h-uile suidheachadh. Ma tha mi mì-chinnteach air mar a bhios a' Chòd a' cur an gnìomh, siridh mi comhairle bho Oifigear Inbhean a' bhuidhinn phoblaich agam, no bho Cathraiche no Ceannard a' bhuidhinn phoblaich agam. Tha mi a' toirt fa-near gum faod mi comhairle laghail an taobh a-muigh a shireadh cuideachd air mar a dh'fhaodadh solaraichean a' Chòd a bhith air am mìneachadh.

Co-èigneachadh

1.10 Tha Pàirt 2 an Achd a' stèidheachadh solaraichean airson dèiligeadh le casaid mu bhriseadh a' Chòd, a' gabhail a-steach smachd-bhannan a dh'fhaodadh a bhith ann ma lorgas Coimisean nan Inbhean gun robh briseadh a' Chòd ann. Tha barrachd fiosrachaidh air mar a thèid dèiligeadh le gearanan agus na smachd-bhannan a tha rim faighinn aig **Leas-phàipear A**.

ROINN 2: PRÌOMH PRIONNSABALAN A' CHÒD GIÙLAIN

2.1 Chaidh an Còd a stèidheachadh air na naoi prìomh prionnsabalan beatha a leanas. Bidh mi gam giùlain fhèin a rèir na prionnsabalan seo agus a' tuigsinn gum bu chòir dhaibh a bhith air an cleachdadh airson stiùireadh agus gus na solaraichean anns a' Chòd a mhìneachadh.

2.2 Tha mi a' toirt fa-near nach eil briseadh air aon no barrachd de na prìomh phrionnsabalan ann fhèin a' ciallachadh briseadh a' Chòd. Tha mi a' toirt fa-near, airson briseadh a' Chòd a lorg, gum feum cuideachd briseadh a bhith ann air aon no barrachd de na solaraichean ann an roinnean 3 gu 6 a' Chòd.

Is iad na prìomh prionnsabalan:

Dleastanas:
Tha e mar dhleastanas orm an lagh a chumail suas agus obrachadh a rèir an lagha agus an earbsa a tha am poball air a chur annam. Tha e mar dhleastanas orm obrachadh airson math na buidhne poblaich air a bheil mi nam bhall agus a rèir prìomh foincseanan agus dleastanasan a' bhuidhinn sin.

Neo-fhèinealachd
Tha e mar dhleastanas orm co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh ùidh a' phobaill a-mhàin. Chan fhaod mi obrachadh gus buannachd ionmhasail no buannachd shusbainteach eile fhaighinn dhomh fhèin, mo theaghlach no mo charaidean.

Treibhdhireas
Chan fhaod mi mo chur fhèin fo dhleastanas ionmhasail, no uallach sam bith eile, do neach no buidheann sam bith a shaoilear gu reusanta a bheireadh buaidh orm ann an coileanadh mo dhleastanasan.

Neo-chlaonachd
Feumaidh mi co-dhùnaidhean a dhèanamh a rèir airidheachd a-mhàin agus ann an dòigh seasmhach ri foincseanan na buidhne poblaich agam nuair a bhios mi a' dèanamh gnothachas poblach a' gabhail a-steach fastadh, buileachadh chùmhnantan no moladh dhaoine fa leth airson duaisean agus sochairean.

Cunntachalachd agus Stiùbhardachd
Tha mi cunntachail don phoball airson mo cho-dhùnaidhean agus mo ghnìomhan. Tha e mar dhleastanas orm beachdachadh air cùisean a rèir an airidheachd, a' toirt aire dha beachdan chàich agus feumaidh mi dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann phoblach a' cleachdadh a ghoireasan gu ciallach agus a rèir an lagha.

Fosgailteachd
Tha e mar dhleastanas orm a bhith cho fosgailte 's a ghabhas mu na co-

dhùnaidhean agus na gnìomhan agam, a’ toirt adhbharan airson mo cho-dhùnaidhean agus a’ cuingealachadh fiosrachadh dìreach nuair a tha ùidh phoblach san fharsaingeachd ga dhèanamh riatanach.

Onair
Tha e mar dhleastanas orm obrachadh gu h-onarach. Feumaidh mi com-pàirtean prìobhaideach sam bith co-cheangailte ri mo dhleastanasan poblach ainmeachadh agus ceumannan a ghabhail gus strì sam bith a thig am bàrr a rèiteachadh ann an dòigh a dhìonas math a’ phobaill.

Ceannais
Tha e mar dhleastanas orm na prionnsabalan seo adhartachadh agus taic a thoirt dhaibh le ceannas agus eisimpleir agus gus earbsa agus misneachd a’ phobaill a chumail suas agus a neartachadh ann an ionracas na buidhne poblaich agam agus a buill ann a bhith a’ dèanamh gnothachas poblach.

Spèis
Feumaidh mi spèis a thoirt don a h-uile bhall eile den bhòrd agus luchd-obrach na buidhne air fad agus an dreuchd aca, a’ dèiligeadh riutha le modh an-còmhnaidh. San aon dòigh, feumaidh mi spèis a thoirt do bhuill den phoball nuair a bhios mi a’ coileanadh dleastanasan mar bhall a’ bhùird.

ROINN 3: GIÙLAIN CHOITCHEANN

Spèis agus Furmailt

3.1 Bidh mi a' dèiligeadh ris a h-uile duine le furmailt agus spèis. Tha seo a' gabhail a-steach aghaidh-ri-aghaidh, ann an sgrìobhadh, aig coinneamhan, nuair a tha mi air loidhne agus nuair a tha mi a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta.

3.2 Cha dèan mi leth-bhreith gu mì-laghail air bunait cinnidh, aois, gnè, taobhadh feise, ath-shònrachadh gnè, ciorram, creideamh no creideas, inbhe pòsaidh no leatromachd/màthaireachd; cuiridh mi air adhart co-ionannachd chothroman agus feuchaidh mi ri deagh dhàimhean a bhrosnachadh eadar diofar dhaoine.

3.3 Cha ghabh mi pàirt ann an giùlain sam bith a dh'fhaodar a mheas mar bhurraidheachd no sàrachadh
(a' ghabhail a-steach sàrachadh cleamhnasach). Tha mi a' gabhail ris gu bheil an seòrsa giùlain sin gu tur
neo-iomchaidh agus gum bi e air a mheas mar bhriseadh a' Chòd seo.

3.4 Tha mi a' gabhail ris gum faod eas-urram, burraidheachd agus sàrachadh a bhith:

a) na thachartas aon turais,
b) na phàirt de chùrsa giùlain mean air mhean; no
c) na mhodh giùlain.

3.5 Tha mi a' tuigsinn gum faod ciamar, agus dè an co-theacsa, a tha mi a' taisbeanadh ghiùlain àraid
a bhith cho cudromach ris na bhios mi a' conaltradh, leis gum faod eas-urram, burraidheachd agus
sàrachadh a bhith nan giùlan corporra, labhairteach agus neo-labhairteach.

3.6 Tha mi a' gabhail ris gu bheil e mar dhleastanas orm tuigsinn dè th' ann am burraidheachd agus sàrachadh agus cleachdaidh mi goireasan, a' gabhail a-steach stiùireadh agus notaichean comhairle Coimisean nan Inbhean, poileasaidhean na buidhne agam agus stuthan trèanaidh (far a bheil iomchaidh) gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-eòlas agus an tuigse agam nua-aimsireil.

3.7 Ach a-mhàin far a bheil e sgrìobhte a-steach don dreuchd agam mar bhall den Bhòrd, agus / no air cuireadh a' Cheannaird, cha bhi mi an sàs ann an stiùireadh obrachaidh mo bhuidheann phoblach. Tha mi ag aithneachadh agus a' tuigsinn gu bheil stiùireadh obrachaidh an dleastanas aig a' Cheannard agus an Sgioba Gnìomh.

3.8 Cha bhith mi a' cur bacadh air neach-obrach fa-leth no buidheann de luchd-obrach, no a' togail draghan mun coileanadh, an giùlan no an comas gu poblach. Togaidh mi draghan sam bith a th' agam air cùisean mar seo gu prìobhaideach còmhla ri àrd stiùirichean mar a tha iomchaidh.

3.9 Cha ghabh mi, no cha bhi mi a' feuchainn ri cothrom neo-cheart a ghabhail den t-suidheachadh agam nuair a bhios mi a' dèiligeadh ri luchd-obrach a' bhuidhinn

phoblach agam no a' toirt buaidh neo-iomchaidh air luchd-obrach gus gnìomh sònraichte a ghabhail. Cha bhith mi ag iarraidh no a' stiùireadh luchd-obrach rudeigin a dhèanamh a tha fios agam, no air am bu chòir fios reusanta a bhith agam, a dh'fhaodadh iad a chuir an cunnart no casg a chuir orra bho bhith a' coileanadh an dleastanasan gu ceart agus gu h-iomchaidh.

3.10 Bheir mi spèis agus gèilleadh do cho-dhùnaidhean a' Chathraiche aig coinneamhan:

a) na buidhne poblaich agam, a comataidhean; agus
b) buidhnean bhon taobh a-muigh air an deach mo chur an dreuchd no ainmeachadh leis a' bhuidhinn phoblaich agam no air a bheil mi a' riochdachadh na buidhne poblaich agam.

3.11 Bheir mi spèis don phrionnsapal de cho-dhùnaidhean coitcheann agus dleastanas corporra. Tha seo a' ciallachadh nuair a nì am Bòrd co-dhùnadh, bheir mi taic don cho-dhùnadh sin, fiù 's mura robh mi ag aontachadh leis no ga thaghadh.

Tuarastalan, Cuibhrinn agus Cosgaisean

3,12 Gabhaidh mi ris na riaghailtean, agus na poileasaidhean na buidhne poblaich agam, a thaobh pàigheadh tuarastal, cuibhreannan agus cosgaisean.

Tiodhlacan agus Aoigheachd

3.13 Tha mi a' tuigsinn gur dòcha gun tèid tiodhlacan a thabhann dhomh (a' gabhail a-steach airgead a chaidh a thogail tro mhaoineachadh-sluaigh no taic-airgid), aoigheachd, sochairean susbainteach no seirbheisean ("tiodhlac no aoigheachd") a dh'fhaodadh a bhith air am meas gu reusanta le ball den phoball aig a bheil eòlas air na fìrinnean iomchaidh mar gam shuidheachadh fo dhleastanas neo-iomchaidh no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air mo bhreith.

3.14 Cha bhi mi uair sam bith **ag iarraidh** no **a' sireadh** tiodhlac no aoigheachd sam bith.

3.15 Diùltaidh mi tiodhlac no aoigheachd sam bith, ach far a bheil e:

a) na rud beag no comharra de luach gnèitheach meadhanach air a thabhann air stèidh ainneamh;
b) na tiodhlac air a thabhann dhan bhuidhinn phoblaich agam;
c) aoigheachd a dh'fhaodadh a bhith gu reusanta ceangailte ris na dleastanasan agam mar ball a' bhùird; no
d) aoigheachd air an deach aonta a thoirt ro làimh leis a' bhuidhinn phoblaich agam.

3.16 Beachdaichidh mi air am faodadh beachd reusanta a bhith ann gum faodadh no gun toireadh tiodhlac no
aoigheachd sam bith a gheibh duine no buidheann ceangailte rium buaidh air mo bhreith.

3.17 Cha leig mi le gealltanas airgid no buannachd ionmhais eile mo bhrosnachadh gu bhith

gam ghiùlain fhèin gu neo-iomchaidh nam dhreuchd mar bhall den bhòrd. Tha mi a' gabhail ris nach fheum an airgead no
a' bhuannachd (a' gabhail a-steach tiodhlac no aoigheachd) a bhith air a thoirt dhomh gu dìreach.
Dh'fhaodadh gur e brìbearachd a th' ann a bhith a' tabhann airgead no buannachdan do dhaoine eile, a' gabhail a-steach buidhnean coimhearsnachd,
ma thathar an dùil gum bi e gam bhrosnachadh gnìomh a choileanadh gu neo-iomchaidh.

3.18 Cha ghabh mi gu bràth tiodhlac no aoigheachd sam bith bho neach fa leth no neach-iarrtais a
tha a' feitheimh airson co-dhùnadh bho, no a tha an dòchas ri ghnìomhachas a dhèanamh còmhla ris, a' bhuidheann phoblach agam.

3.19 Ma tha mi den bheachd gum bi diùltadh tairgse de thiodhlac na adhbhar oilbheum, gabhaidh mi ris
agus bheir mi seachad e don bhuidhinn phoblaich agam cho luath 's as urrainn dhomh agus iarraidh mi
gun tèid a chlàradh.

3.20 Innsidh mi gu sgiobalta do Oifigear Inbhean na buidhne poblach agam ma thèid tiodhlac no aoigheachd de luach sònraichte sam bith a thabhann dhomh (ged a dhiùltainn e) agus / no ma thèid tiodhlac
no aoigheachd sam bith a thabhann dhomh bhon aon neach barrachd na aon turas, gus am faod mo bhuidheann poblach
sùil a chumail air seo.

3.21 Bidh mi eòlach air cumhachan an Achd Brìbearachd 2010, a tha a' solarachadh airson eucoirean brìbearachd cuideigin eile agus eucoirean co-cheangailte ri faighinn brìb.

Dìomhaireachd

3.22 Chan innis mi fiosrachadh dìomhair no fiosrachadh a dh'fhaodar a mheas gu reusanta mar dìomhair no prìobhaideach, gun cead dìreach bho dhuine no buidheann a dh'fhaodadh an cead sin a thoirt seachad, no ma thèid iarraidh orm sin a dhèanamh gu laghail. Tha mi a' toirt fa-near mura faod mi an cead dìreach sin fhaighinn, bu chòir dhomh gabhail ris nach deach e a thoirt.

3.23 Tha mi a' gabhail ris gum faod fiosrachadh dìomhair a bhith a' toirt a-steach còmhraidhean, sgrìobhainnean, agus fiosrachadh nach eil fhathast poblach no nach robhar an dùil a bhith poblach, agus fiosrachadh a tha air a mheas dìomhair a rèir reachdas.

3.24 Cha cleachd mi fiosrachadh dìomhair ach airson mo dhleastanasan a choileanadh mar bhall a' bhùird. Cha cleachd mi e ann an dòigh sam bith airson buannachd phearsanta no airson dìmeas a dhèanamh air a' bhuidhinn phoblaich agam (fiù 's gur e mo bheachd pearsanta gum bu chòir am fiosrachadh a bhith ri fhaighinn gu poblach).

3.25 Tha mi a' tuigsinn nach buin na feumalachdan dìomhaireachd ri foillseachaidhean dìonta brathaidh air an toirt do na daoine agus na buidhnean òrdaichte mar a tha ainmichte ann an reachdas.

Cleachdadh Goireasan na Buidhne Poblaich

3.26 Cha cleachd mi goireasan na buidhne poblaich agam, a' gabhail a-steach taic an luchd-obrach, goireasan, pàipearachd agus uidheamachd IT, ach airson dleastanasan a choileanadh às leth na buidhne poblaich, a rèir a phoileasaidhean iomchaidh.

3.27 Cha chleachd mi, no ann an dòigh sam bith cha dèan mi comasach do cuideigin eile a chleachdadh, goireasan na buidhne poblaich agam:

a) gu mì-chiallach (gun a bhith a' smaoineachadh air na buaidhean no na builean);
b) gu mì-laghail;
c) airson gnìomhan poilitigeach no cùisean ceangailte riutha seo; no
d) gu neo-iomchaidh.

Dèiligeadh ris a' Bhuidhinn Poblaich agam agus Làimhseachadh am Fàbhar

3.28 Cha cleachd mi, no chan fheuch mi ris an t-suidheachadh agam no buaidh a bheir mi mar ball a' bhùird a chleachdadh
gus:

a) buannachd a thoirt dhomh fhèin, no do dhaoine eile, gu neo-iomchaidh;
b) ana-cothrom a sheachnadh dhomh fhèin, no ana-cothrom a chruthachadh airson daoine eile no
c) làimhseachadh no inntrigeadh fàbharach a shireadh gu neo-iomchaidh dhomh fhìn no do dhaoine eile.

3.29 Seachnaidh mi gnìomh sam bith a bheir air buill den phoball creidsinn gu

bheilear a’ sireadh làimhseachadh no inntrigeadh fàbharach.

3.30 Bheir mi fios do luchd-obrach air ceangal sam bith, mar a chaidh mìneachadh aig Roinn 5, a dh’fhaodadh a bhith agam ri cùis, nuair a thathar a’ sireadh fiosrachadh no comhairle no a’ freagairt ri iarrtas fhiosrachaidh no comhairle bhuapa.

Fastadh gu Buidhnean an Taobh A-Muigh

3.31 Ma thèid mo chur an dreuchd, no ainmeachadh leis a' bhuidhinn phoblaich agam, mar bhall de bhuidheann eile, cumaidh mi ris na riaghailtean giùlain agus obraichidh mi airson math na buidhne sin fhad 's a tha mi ag obair mar bhall dheth. Cumaidh mi orm cuideachd a' leantainn riaghailtean a' Chòd seo fad 's a tha mi a' coileanadh dleastanasan a' bhuidhinn eile.

3.32 Tha mi a' tuigsinn mas e stiùiriche no urrasair (no coltach) a th' annam airson companaidh no carthannas, bidh e an urra rium a bhith ag aithneachadh, agus a' gabhail comhairle mu dheidhinn, strì eadar com-pàirtean sam bith a dh'fhaodadh èirigh eadar a' chompanaidh no an carthannas agus a' bhuidheann phoblach agam.

ROINN 4: CLÀRADH NAN ÙIDHEAN

4.1 Tha na paragrafan a leanas a' stèidheachadh na tha agam ri clàradh nuair a thèid mo chur ann an dreuchd agus nuair a tha na suidheachaidhean agam ag atharrachadh. Tha an clàr a' gabhail a-steach mo theirm fastaidh an-dràsta.

4.2 Tha mi a' tuigsinn gu bheil na riaghailtean air an cruthachadh le Ministearan na h-Alba a' mìneachadh a' mhion-fhiosrachadh agus an sgèile-ama airson ùidhean a chlàradh; a' gabhail a-steach riatanas gum feum ball a' bhùird na h-ùidhean aca a chlàradh taobh a-staigh aon mhìos bhon tòisich iad a bhith nam ball a' bhùird, agus atharrachaidhean sam bith air na h-ùidhean sin a chlàradh taobh a-staigh aon mhìos bhon a thachair na h-atharraichean sin.

4.3 Tha na h-ùidhean a dh'fheumas mi clàradh air an sgrìobhadh a-mach anns na paragrafan a leanas. Ach mar a tha riatanach ann an paragraf 4.23, tha mi a' tuigsinn nach eil e riatanach na h-ùidhean mo chèile no co-laighe a chlàradh.

Seòrsa a h-Aon: Tuarastalan

4.4 Clàraidh mi obair sam bith far am faigh mi pàigheadh, no far a bheil mi an dùil ri pàigheadh fhaighinn. Tha ùidh clàraichte agam far a bheil mi a' faighinn tuarastal air sgàth 's gu bheil mi:

a) nam fhastaichte;
b) nam fhèin-fhastaichte;
c) nam neach aig a bheil dreuchd;
d) nam stiùiriche iomairt;
e) nam chom-pàirtiche ann an companaidh;
f) air an cur an dreuchd no air an ainmeachadh leis a' bhuidhinn phoblaich agam gu buidheann eile; no
g) an sàs ann an ceàird, dreuchd proifeasanta no dreuchdail no obair sam bith eile.

4.5 Tha mi a' tuigsinn a thaobh 4.4 gu h-àrd, nach fheum ìre de thuarastal a bhith clàraichte. Tha mi a' tuigsinn nach fheumar tuarastal sam bith air am faighinn mar ball bòrd na buidhne poblaich sònraichte seo a bhith clàraichte.

4.6 Tha mi a' tuigsinn mur a h-eilear a' faighinn tuarastal airson dreuchd nach fheumar a chlàradh fon seòrsa seo. Ach, 's dòcha gum feumar stiùirichean gun tuarastal a bhith clàraichte fo Roinn a Dhà, "Dreuchdan Eile".

4.7 Feumaidh mi cuibhreannan sam bith a gheibh mi a chlàradh a thaobh ballrachd ann am buidheann sam bith fo Roinn a h-Aon.

4.8 Nuair a bhios mi a' clàradh obair mar neach-obrach, feumaidh mi ainm slàn an fhastaiche, nàdar a ghnothaich, agus nàdar na dreuchd a th' agam sa bhuidhinn a thoirt seachad.

4.9 Nuair a bhios mi a' clàradh tuarastal bho na roinnean a tha air an ainmeachadh ann am paragraf 4.4 (b) gu (g) gu h-àrd, feumaidh mi an t-ainm slàn sholarachadh agus mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mu nàdar a' ghnìomhachais, na buidhne, na h-iomairt, na com-pàirteachais no gnothach eile,

mar a bhios iomchaidh. Tha mi ag aithneachadh gum faodadh obraichean eile a bhith mì-chòrdail ris an dreuchd agam mar bhall de bhòrd na buidhne poblaich agam a thaobh paragraf 6.8 den Chòd seo.

4.10 Far a bheil mi a' gabhail os làimh ceàird, dreuchd proifeasanta no dreuchdail, no obair sam bith eile, is e am mion-fhiosrachadh a tha ri thoirt seachad nàdar na h-obrach agus dè cho tric a thèid a gabhail os làimh.

4.11 Nuair a thathar a' clàradh dreuchd stiùiridh, feumar ainm clàraichte agus àireamh clàraichte na h-iomairt anns a bheil an stiùiriche a thoirt seachad agus fiosrachadh a thoirt seachad mu nàdar a' ghnìomhachais aige.

4.12 Tha mi a' tuigsinn nach fheumar peinnsein a chlàradh oir tha seo a' tuiteam taobh a-muigh rèis an t-seòrsa.

Seòrsa a Dhà: Dreuchdan Eile

4.13 Clàraidh mi stiùirichean neo-phàighte sam bith far a bheil a' bhuidheann sin na fho-bhuidheann no na pàrant-chompanaidh de dh'iomairt anns a bheil mi a' cumail dreuchd stiùiridh le tuarastal.

4.14 Clàraidh mi ainm clàraichte agus àireamh chlàraichte na fo-chompanaidh no companaidh phàrant no iomairt eile agus nàdar a' ghnìomhachais aige, agus an dàimh a th' aige ris a' chompanaidh no iomairt eile anns a bheil mi nam stiùiriche agus bhon gheibh mi tuarastal.

Seòrsa a Trì: Cùmhnantan

4.15 Tha ùidh agam a dh'fhaodadh a bhith air a chlàradh far a bheil mi (no companaidh anns a bheil mi nam com-pàirtiche, no iomairt anns a bheil mi nam stiùiriche no anns a bheil earrannan de luach mar a chaidh mìneachadh ann am paragraf 4.20 gu h-ìosal) air cumhnant a dhèanamh leis a' bhuidhinn phoblaich agam:

a) fon a bhios bathar no seirbheisean ri thoirt seachad, no obraichean gu bhith air an cur an gnìomh; agus
b) air nach deach crìoch a chur fhathast.

4.16 Clàraidh mi mìneachadh a' chùmhnaint, a' gabhail a-steach dè cho fad 's a bhios e a' ruith, ach gun a bhith a' gabhail a-steach luach.

Seòrsa a Ceithir: Cosgaisean Taghaidh

4.17 Ma tha mi air mo thaghadh don bhuidhinn phoblaich agam, clàraichidh mi cunntas, agus aithris air, taic sam bith a thaobh cosgaisean taghaidh co-cheangailte ri taghadh don bhuidhinn phoblaich agam.

Seòrsa a Còig: Taighean, Fearann agus Toglaichean

4.18 Tha ùidh agam a dh'fhaodadh a bhith air a chlàradh far a bheil sealbh agam no còir no com-pàirt sam bith eile agam ann an taighean, fearann agus togalaichean, a dh'fhaodadh a bhith cudromach do, a' buntainn ri, no a' toirt buaidh air obair is gnìomhachd na buidhne poblaich agam.

4.19 Tha mi a’ gabhail ris, nuair a bhios mi a’ dèanamh co-dhùnadh am feum no nach fheum mi ùidh sam bith a th’ agam ann an taighean, fearann no togalaichean a chlàradh, gur e an deuchainn a thèid a chur an sàs am biodh ball den phoball, le eòlas air na fìrinnean iomchaidh, a’ meas gu reusanta an ùidh mar gu bheil cho cudromach is gum faodadh e buaidh a thoirt air mo dhleastanasan don bhuidhinn phoblaich agam agus don phoball, no dh’fhaodadh e buaidh a thoirt air na gnìomhan, na h-òraidean no na co-dhùnaidhean agam.

Seòrsa a Sia: Ùidhean ann an Earrannan agus Tèarainteachdan

4.20 Tha ùidh agam a dh’fhaodadh a bhith air a chlàradh far a bheil:

a) seilbh agam no ùidh agam ann am barrachd air 1% de chalpa earrannan na companaidh no buidheann eile; neo
b) Far a bheil, aig a’ cheann-latha iomchaidh, luach margaidh earrainnean is thèarainteachdan sam bith (ann an aon chompanaidh no buidheann shònraichte) a tha agam no anns a bheil ùidh agam nas motha na £25,000.

Seòrsa a Seachd: Tiodhlacan agus Aoigheachd

4.21 Tha mi a’ tuigsinn feumalachdan paragrafan 3.13 gu 3.21 a thaobh tiodhlacan agus aoigheachd. Air sgàth ’s nach bi mi a’ gabhail ri tiodhlacan no aoigheachd sam bith, ach anns na cuid suidheachaidhean ceadaichte, tha mi a’ tuigsinn nach eil feum ann a-nis an clàradh.

Seòrsa a h-Ochd: Ùidhean Neo-ionmhasail

4.22 Is dòcha gu bheil ùidhean eile agam cuideachd agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil e ceart cho cudromach gum bi ùidhean buntainneach leithid ballrachd no dreuchd ann am buidhnean poblach eile, companaidhean, clubaichean, comainn agus buidhnean leithid aonaidhean ciùird agus buidhnean saor-thoileach, air an clàradh agus air am mìneachadh. Anns a’ cho-theacsa seo, tha mi a’ tuigsinn gur e ùidhean neo-ionmhasail an fheadhainn a dh’fhaodadh buill den phoball le eòlas air na fìrinnean buntainneach smaoineachadh gu reusanta a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air na gnìomhan, na h-òraidean, na bhòtaichean no na co-dhùnaidhean agam anns a’ bhuidhinn phoblaich agam (tha seo a’ gabhail a-steach a Chomataidhean agus a bhallrachd de bhuidhnean eile dhan deach mo chur an dreuchd no ainmeachadh leis a’ bhuidhinn phoblaich agam).

Seòrsa a Naoi: Buill Teaghlaich Dlùth

4.23 Clàraidh mi ùidhean aig ball teaghlach dlùth sam bith a bhios a’ dol an sàs leis a’ bhuidhinn phoblaich agam no a dh’fhaodadh a bhith an sàs leis no gnothachais a dhèanamh leis.

ROINN 5: FOILLSEACHAIDH ÙIDHEAN

Ìre 1: Ceangal

5.1 Airson gach cùis shònraichte anns a bheil mi an sàs nam bhall a' bhùird, beachdaichidh mi an toiseach ma tha ceangal agam ris a' chùis sin.

5.2 Tha mi a' tuigsinn gur e ceangal a th' ann an dàimh sam bith eadar a' chùis air a bheilear a' beachdachadh agus mise, no duine no buidheann ris a bheil mi co-cheangailte. Faodaidh seo a bhith na dàimh teaghlaich no ceangal sòisealta no proifeasanta.

5.3 Bidh ceangal a' gabhail a-steach dad sam bith a chlàr mi mar ùidh.

5.4 Cha bhi ceangal a' gabhail a-steach a bhith nam bhall de bhuidheann ris an deach mo chur an dreuchd no ainmeachadh leis a' bhuidhinn phoblaich agam mar riochdaire mo bhuidheann poblach, mura h-eil:

a) An chùis air a bheil mo bhuidheann poblach a' beachdachadh na chùis leth-bhreithneachail no riaghlaidh; no
b) Tha còmhstri pearsanta agam air sgàth 's mo ghnìomhan, mo cheanglaichean no na dleastanasan laghail agam.

Ìre 2: Ùidh

5.5 Tha mi a' tuigsinn gur e ùidh a th' anns a' cheangal agam a dh'fheumar fhoillseachadh far an tèid an deuchainn amas a choileanadh – is e sin far a bheil ball den phoball, le eòlas air na fìrinnean iomchaidh, a' faicinn gu reusanta an ceangal agam ri cùis shònraichte mar rud cho cudromach is gum biodh e air a mheas mar rud a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an deasbad no air an co-dhùnadh.

Ìre 3: Com-pàirteachadh

5.6 Bidh mi ag innse m' ùidh cho tràth sa ghabhas aig coinneamhan. Cha bhi mi a' fuireach sa choinneamh no a' gabhail pàirt ann an dòigh sam bith anns na pàirtean sin de choinneamhan far an do chuir mi ùidh an cèill.

5.7 Beachdaichidh mi air ma tha e iomchaidh gus nach eil airson adhbharan so-lèirsinneachd gun innis mi gu poblach far a bheil ceangal agam, nach eil mi den bheachd a tha na h-ùidh.

5.8 Tha mi a' toirt fa-near gun urrainn dhomh tagradh a dhèanamh gu Coimisean nan Inbhean agus iarraidh air saoradh a thoirt seachad gus leigeil leam pàirt a ghabhail anns an deasbad agus co-dhùnaidhean air cùis far am feumainn ùidh fhoillseachadh agus a tharraing air ais (air sgàth 's gu bheil ceangal agam ris a' chùis a thigeadh taobh a-staigh an deuchainn amas). Tha mi a' toirt fa-near gum feumar an leithid den tagradh a bhith air a dhèanamh ro choinneamhan sam bith far a bheilear a' sireadh saoradh agus nach urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an deasbad no co-dhùnadh sam bith air a' chuspair sin mura tèid, agus gus an tèid, an tagradh a bhuileachadh.

5.9 Tha mi a' toirt fa-near gu bheil misneachd a' phobaill ann am buidheann phoblach air a mhilleadh leis a' bheachd gu bheil co-dhùnaidhean a nì a' bhuidheann sin gu mòr fo bhuaidh nithean eile seach ùidh a' phobaill. Cha ghabh mi ri dreuchd

no obair ma tha sin a’ ciallachadh gum feum mi ùidhean fhoillseachadh gu tric aig coinneamhan a thaobh mo dhreuchd mar bhall den bhòrd. Mar sin, nan robh cuir an dreuchd no ainmeachadh do bhuidheann eile na h-adhbhar airson dragh reusanta air sgàth ’s a’ chom-pàirt phearsanta no na ceanglaichean a tha agam mar-thà, cha ghabh mi ris an dreuchd no an ainmeachadh.

ROINN 6: COITEACHADH AGUS INNTRIGEADH

6.1 Tha mi a' tuigsinn gum bi farsaingeachd de dhaoine a' sireadh inntrigeadh dhomh mar ball a' bhùird agus feuchaidh iad ri mo choiteachadh, a' gabhail a-steach luchd fa leth, buidhnean agus companaidhean. Feumaidh mi eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar:

a) dreuchd sam bith a th' agam ann an dèiligeadh ri ceistean bhon phoball;
b) rèiteachadh coimhearsnachd sam bith far a bheil mi ag obair le luchd fa leth agus buidhnean gus an com-pàirteachadh aca a bhrosnachadh, agus;
c) coiteachadh, far am bi neach no buidheann sam bith a' tighinn thugam a tha a' feuchainn ri buaidh a thoirt orm airson tarbhachd no buannachd ionmhasail, gu sònraichte an fheadhainn a tha airson gnothaichean a dhèanamh leis a' bhuidheann phoblach agam (mar eisimpleir cùmhnantan/solar).

6.2 Ann a bhith a' dèanamh co-dhùnadh am bu chòir dhomh, agus ma tha, ciamar, freagairt a thoirt don leithid de choiteachadh, bheir mi an-còmhnaidh aire don deuchainn amas, is e sin am biodh ball den phoball, le eòlas air na fìrinnean iomchaidh, den bheachd gu reusanta gum bi mo ghiùlan a' toirt buaidh air comas agam, no comas aig a' bhuidhinn phoblaich agam, cò-dhùnaidhean a dhèanamh.

6.3 Cha dèan mi, a thaobh conaltradh ri neach no buidheann a bhios a' coiteachadh, dad sam bith a thèid an aghaidh a' Chòd seo no riaghailt iomchaidh sam bith eile aig a' bhuidhinn phoblaich agam no solarachadh reachdail sam bith.

6.4 Cha bhi mi, a thaobh conaltradh ri neach no buidheann a bhios a' coiteachadh, gam giùlain fhèin ann an dòigh sam bith a dh'fhaodadh mì-chreideas a thoirt air a' bhuidhinn phoblaich agam.

6.5 Ma tha draghan sam bith agam mun dòigh- no modh-obrach air an cleachdadh le duine no buidheann sam bith anns a' chonaltradh aca rium, siridh mi stiùireadh bhon Cathraiche, Ceannard no Oifigear Inbhean na buidhne poblaich agam.

6.6 Feumaidh am poball a bhith cinnteach nach gabh duine no buidheann sam bith inntrigeadh no làimhseachadh nas fhèarr fhaighinn bhuam air sgàth 's companaidh no neach fa leth a' fastadh gus coiteachadh air stèidh cìs às an leth. Mar sin cha bhi mi a' tabhann no a' toirt cothrom no làimhseachadh fàbharach don fheadhainn a bhios a' coiteachadh air stèidh cìs às leth luchd-dèiligidh an taca ris an fheadhainn a bheir mi do neach no buidheann sam bith eile a bhios a' coiteachadh no a' tighinn thugam. Nì mi cinnteach nach bi an fheadhainn a bhios a' coiteachadh air stèidh chìsean às leth luchd-dèiligidh den bheachd gum faodadh cothrom no làimhseachadh fàbharach, an taca ris an fheadhainn a chaidh a thoirt do neach no buidheann sam bith eile, a bhith ri thighinn.

6.7 Mus gabh mi gnìomh sam bith mar thoradh air a bhith air mo choiteachadh, feuchaidh mi ri mi fhèin a shàsachadh mu dhearbh-aithne an neach no na buidhne a tha a' coiteachadh agus an adhbhar airson coiteachadh. Tha mi a' tuigsinn gum faod mi roghnachadh a dhol an sàs mar fhreagairt do neach no

buidheann a bhios a’ coiteachadh às leth luchd-dèiligidh ach tha e cudromach gu bheil mi a’ tuigsinn a’ bhunait air a bheil iad gam choiteachadh gus dèanamh cinnteach gum bi gnìomh sam bith a thèid a dhèanamh an co-cheangal ris an neach-coiteachaidh a’ cumail ris na h-inbhean a tha air am mìneachadh sa Chòd seo agus ann an Achd Coiteachaidh (Alba) 2016.

6.8 Cha gabh mi ri obair phàighte sam bith:

a) a bhios a’ toirt orm coiteachadh às leth neach no buidheann sam bith no luchd-dèiligidh neach no buidhinn sam bith.

b) gus seirbhisean a sholarachadh mar ro-innleachdaiche, comhairliche no neach-comhairle, mar eisimpleir, a’ toirt comhairle air mar a thèid buaidh a thoirt air a’ bhuidhinn phoblaich agam agus a buill. Chan eil seo a’ cur bacadh orm bho bhith a’ faighinn tuarastal airson gnìomhachd a dh’fhaodadh èirigh air sgàth, no co-cheangailte ri, ballrachd sa bhuidhinn phoblaich agam, leithid naidheachdas no craoladh, no a bhith an sàs ann an obair riochdachaidh no taisbeanaidh, leithid com-pàirteachadh ann an buidhnean-riochdachaidh, co-labhairtean no tachartasan eile.

LEAS-PHÀIPEAR A: BRISIDHEAN A' CHÒD

Ro-ràdh

1. Achd nan Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach msaa. (Alba) 2000 ("an Achd") frèam-obrach gus inbhean eiticeil àrd a bhrosnachadh agus, far a bheil e riatanach, a neartachadh ann am beatha poblach.

2. Sholaraich an Achd airson toirt a-steach nan còdan giùlain ùra airson luchd-comhairle an ùghdarras ionadail agus buill nam buidhnean poblach iomchaidh, a' toirt dleastanas air comhairlichean agus buidhnean poblach iomchaidh gus na buill aca a chuideachadh ann an cumail ris a' chòd iomchaidh.

3. An Achd agus na Coimiseanan Pàrlamaideach Albannach agus Coimiseanairean msaa. Stèidhich Achd 2010 Coimisean nan Inbhean airson Alba ("Coimisean nan Inbhean") agus an dreuchd Coimiseanair Inbhean Eiticeil ann am Beatha Phoblach na h-Alba ("ESC").

4. Tha Coimisean nan Inbhean agus ESC fa leth agus neo-eisimeileach, le foincseanan sònraichte aig gach fear. Tha gearanan mu brisidhean air Còd Giùlain buidheann poblaich air an rannsachadh leis an ESC agus air am breithneachadh le Coimisean nan Inbhean.

5. Thàinig a' chiad Mhodail de Chòd Giùlain am feachd ann an 2002. Bhon àm sin tha an Còd air ùrachadh agus ath-sgaoileadh ann an 2014. Chaidh an Còd 2021 a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba, às dèidh co-comhairle, agus le cead Riaghaltas na h-Alba, mar a tha riatanach leis an Achd.

Rannsachadh Gearanan

6. Tha dleastanas aig an ESC airson gearanan a rannsachadh mu bhuill de bhuidhnean poblach tiomnaichte. Chan eil e, ge-tà, èigneachail aithris a thoirt don ESC air gearan mu bhriseadh a dh'fhaodadh a bhith air a' Chòd. 'S dòcha gum bi e nas iomchaidh ann an cuid de suidheachaidhean oidhirpean a dhèanamh gus a' chùis fhuasgladh gu neo-fhoirmeil aig ìre ionadail.

7. Air co-dhùnadh an rannsachaidh, cuiridh ESC aithris do Choimisean nan Inbhean.

Èisteachdan

8. Nuair a gheibh iad aithisg bhon ESC, faodaidh Coimisean nan Inbhean roghnachadh:

    - Gun dad a dhèanamh;
    - An ESC a stiùireadh gus rannsachadh a bharrachd a dhèanamh; no
    - Èisteachd a chumail.

9. Bidh èisteachdan air an cumail (mar is trice gu poblach) airson dearbhachadh ma bhris no nach do bhris am ball sa chùis Còd Giùlain na buidhne poblaich aca. Tha am Panail Èisteachd air a dhèanamh suas le trì buill Coimisean nan Inbhean. Bheir an ESC fianais seachad agus/no nì iad tagraidhean aig an Èisteachd mun rannsachadh agus co-dhùnaidhean sam bith a thaobh an do bhris am ball an Còd. Tha còir aig a' bhall a bhith an làthair no a bhith air an riochdachadh aig an

Èisteachd agus faodaidh iad cuideachd fianais a thoirt seachad agus tagraidhean a dhèanamh. Faodaidh an dà phartaidh luchd-fianais a ghairm. Nuair a tha e air an fhianais agus tagraidhean uile a chluinntinn, nì am Panail Èisteachd co-dhùnaidh air ma tha e no mur a h-eil e sàsaichte, a rèir mar a tha e coltach, gun do bhris am ball a' Chòd. Ma nì am Panail Èisteachd co-dhùnadh gun do bhris ball Còd a' bhuidhinn phoblaich aca, feumaidh e smachd-bhann a chur an gnìomh.

Smachd-bhannan

10. Tha na smachd-bhannan a dh'fhaodadh a bhith air an cur an gnìomh às dèidh briseadh a' Chòd a lorg mar a leanas:

- **Cronachadh:** 'S e cunntas foirmeil a th' ann an cronachadh air mì-chiata cruaidh agus poblach Coimisean nan Inbhean air a' bhall sa chùis.
- **Cur à:** Faodaidh seo a bhith na cur às slàn no leth-phàirteach (suas gu aon bliadhna). Tha cur às slàn a' ciallachadh gu bheil am ball air a chur às a h-uile coinneamh na buidhne poblaich. Tha cur às leth-phàirteach a' ciallachadh gu bheil am ball air a chur cuid coinneamhan na buidhne poblaich. Faodaidh an Coimisean stiùireadh a thoirt gun tèid tuarastal no cuibhreann sam bith a gheibh am ball mar thoradh air a' bhallrachd aca sa bhuidhinn phoblaich a lùghdachadh no gun a phàigheadh rè ùine cur às.
- **Dì-cheadachadh:** Tha dì-cheadachadh a' ciallachadh gu bheil am ball air a thoirt air falbh bho bhallrachd na buidhne agus air a dhì-cheadachadh (airson ùine nach eil nas fhaide na còig bliadhna), bho bhallrachd na buidhne. Far a bheil am ball cuideachd na bhall de bhuidheann poblach tiomnaichte eile (mar a chaidh mìneachadh san Achd), faodaidh an Coimisean cuideachd an duine sin a thoirt air falbh no a dhì-cheadachadh a thaobh na ballrachd sin. Tha mion-fhiosrachadh air na smachd-bhannan air an stèidheachadh ann an roinn 19 an Achd.

Cur às Eadar-amail

11. Tha Roinn 21 den Achd a' toirt cumhachd do Choimisean nan Inbhean cur às eadar-amail a chuir air ball nuair a gheibh e aithisg eadar-amail bhon ESC mu rannsachadh leantainneach. Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh am bu chòir cur às eadar-amail a chur an sàs, nì Panal air a bheil triùir Bhuill de Choimisean nan Inbhean ath-sgrùdadh air an aithisg eadar-amail agus riochdachaidhean sam bith a gheibhear bhon bhall agus beachdaichidh iad a bheil e sàsaichte:

- Gu bheil coltas ann gun tèid cron a dhèanamh air tuilleadh rannsachaidh an ESC
  mura tèid an leithid de rud a dhèanamh (mar eisimpleir ma tha draghan ann gum faodadh am ball feuchainn ri casg a chur air fianais no luchd-fianais); no
- Gu bheil e ann an ùidh a' phobaill a lethid de cheum a ghabhail. Gheibhear poileasaidh a tha a' mìneachadh mar a nì Coimisean nan Inbhean co-dhùnadh sam bith fo Roinn 21 agus na modhan-obrach a bhios e a' leantainn ann a bhith a' dèanamh sin, ma gheibhear a leithid de dh'aithisg bhon ESC an seo.

12. Chan eilear a' faicinn a' cho-dhùnaidh cur às eadar-amail a chuir an sàs, agus cha bu chòir a bhith air fhaicinn, mar cho-dhùnadh air airidheachd gearain sam bith no

dligheachd casaidean sam bith an aghaidh ball de bhuidheann phoblach thiomnaichte, agus cha bu chòir coimhead air mar cheum smachdachaidh.

LEAS-PHÀIPEAR B:

MÌNEACHAIDHEAN

Tha **"Burraidheachd"** na ghiùlan mì-fhreagarrach agus gun fhàilte a tha oilbheumach agus eagallach, agus a bheir air neach no buidheann a bhith a' faireachdainn gu bheil iad air an lagachadh, air an irioslachadh no air an sàrachadh.

Tha **"Cathraiche"** a' gabhail a-steach Neach-gairm a' Bhùird no neach sam bith eile a tha a' coileanadh gnìomh coltach ri gnìomh Cathraiche no Neach-gairm fo structaran co-dhùnaidh eile.

Tha **"Còd"** na còd giùlain airson buill na buidhne poblaich tiomnaichte agad, a tha stèidhichte air a' Mhodail de Chòd Giùlain airson buill nam buidhnean poblach tiomnaichte ann an Alba.

Tha **"Co-laighe"** a' gabhail a-steach neach sam bith a tha a' fuireach còmhla riut ann an dàimh mar com-pàirticheas, com-pàirticheas sìobhalta, no cèile.

Tha "**Fiosrachadh Dìomhair"** a' gabhail a-steach:

- fiosrachadh sam bith a thèid a chur chun na buidhne poblaich le roinn Riaghaltais (fiù 's mura h-eil e air a chomharrachadh gu soilleir mar dhìomhaireachd) nach leig leis an fhiosrachadh sin fhoillseachadh don phoball;
- fiosrachadh air a bheil an lagh a' toirmeasg foillseachadh (fo reachdas no le òrdugh Cùirt);
- comhairle laghail sam bith air a thoirt don bhuidhinn phoblaich; no
- fiosrachadh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith gu reusanta air a mheas mar bhriseadh misneachd nam biodh e air fhoillseachadh gu poblach.

Tha **"Cosgaisean Taghaidh"** a' ciallachadh cosgaisean a thàinig orra, ge bith an ann ro, rè no às dèidh an taghaidh, air sgàth, no co-cheangailte ri, giùlan no riaghladh an taghaidh.

Tha **"Neach-obrach"** a' gabhail a-steach neach fa leth air am fastadh:

- gu dìreach leis a' bhuidhinn phoblaich;
- mar cunnradairean leis a' bhuidhinn phoblaich, no
- le cunnradair airson obair air toglaichean na buidhne poblaich.

Faodaidh **"Tiodhlacan"** a thoirt a-steach nì no seirbheis sam bith a gheibhear an-asgaidh, no a dh'fhaodadh a bhith air a thabhann no air a ghealltainn aig ìre lasaichte no air cumhachan nach eil rim faighinn leis a' mhòr-shluagh. Tha tiodhlacan a' gabhail a-steach sochairean leithid faochadh bho fhiachan, lasachaidhean iasaid, no solar seilbh, seirbheisean no goireasan aig cosgais nas ìsle na tha sa chumantas air a chur air buill den phoball. Faodaidh e cuideachd tiodhlacan a thoirt a-steach a chaidh am faighinn gu dìreach no tiodhlacan air am faighinn le companaidh anns a bheil ùidh smachdail aig an neach a gheibh e, no le com-pàirteachas anns a bheil an neach a gheibh e na chom-pàirtiche.

Tha **"Sàrachadh"** na giùlan neo dèanadas mì-chùramach a bheir air cuideigin a bhith a' faireachdainn oilbheumach, iriosal, fo smàdadh, fo eagal agus/no mì-

chofhurtail. Faodaidh sàrachadh a bhith air am faireachdainn gu dìreach no gu neo-dhìreach agus faodaidh e tachairt mar thachartas iomallach no mar chùrsa de ghiùlan leantainneach.

Tha **"Aoigheachd"** a' gabhail a-steach tabhann no gealltanas biadh, deoch, àite-fuireach, dibhearsan no cothrom a bhith an làthair aig tachartas cultarail no spòrsail sam bith air cumhachan nach eil rim faighinn leis a' mhòr-shluagh.

